

Aithisg Bhliadhnaile  
Annual Report  
**2022/23**



**COMANN NAM PÀRANT (NÀISEANTA)**



## Facal-tòisich a' Chathraiche

Tha mi toilichte Aithisg Bhliadhnaill Chomann nam Pàrant (Nàiseanta) airson 2022/23 a thoirt dhuibh.

B' e seo an còigeamh bliadhna agam mar chathraiche air Comann nam Pàrant (Nàiseanta). Choinnich a' chomataidh ceithir tursan ann an 2022-23, ach choinnich buill-stiùridh grunn thursan a bharrachd, agus dh'ullaich iad freagairtean do ghrunn cho-chomhairlean, an dà chuid air a' Ghàidhlig agus air ath-leasachadh foghlaim.

Bha sinn toilichte, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, gun do chùm sinn oirnn le coinneamhan le prìomh luchd-ùidh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG). Bheir na coinneamhan seo cothrom dhuinn cùisean a thogail a tha cudromach airson fàs agus leasachadh leantainneach ann am FtG, air am beachdaich sinn leis an luchd-ùidh seo. 'S e dhà de na nithean a th' air fuireach air a' chlàr-gnothaich bhon bliadhna an-uiridh an t-ath-sgrùdadhbh air an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig agus am feum dreuchd 'neach-cuideachaidh cànan' a chruthachadh ann an clasaichean FtG gus taic a chumail ri fileantachd. Tha mi toilichte aithris gu bheil adhartas ga dhèanamh leis an dà rud sin. Chaidh grunn raoointean far an gabhadh Stiùireadh a shoilleireachadh no a neartachadh a chomharrachadh agus cumaidh sinn oirnn a' conaltradh le Bòrd na Gàidhlig mun ath-sgrùdadhbh leantainneach. Tha cursa a-nis aig Sabhal Mòr Ostaig do luchd-cuideachaidh cànan agus tha sinn an dòchas gun tèid a leudachadh às dèidh a' phileit. B' e cuspair eile a bha air a' chlàr airson na coinneimh mu dheireadh againgn cuspair a thathar a' togail gu tric aig na coinneamhan againn aig Comann nam Pàrant; gainnead ghoireasan Gàidhlig, an dà chuid taobh a-staigh sgoiltean agus cuideachd airson teaghlaichean airson cleachdadhbh san dachaigh, agus tha sinn an dòchas an deasbad seo a thoirt air adhart leis na buidhean a tha an sàs ann.



Tha trusadh is glèidheadh luchd-teagaisg na dhùbhlann leantainneach ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha sinn a' cur failte mhòr air an leudachadh air Sgeama Bursaraidh Luchd-teagaisg Riaghaltas na h-Alba bho chionn ghoirid gu bhith a' gabhail a-steach Gàidhlig mar chuspair àrd-sgoile, foghlam tro mheadhan na Gàidhlig thar gach cuspair àrd-sgoile agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil. Is e atharrachadh air leth cudromach a tha seo agus tha sinne, mar sgioba nàiseanta còmhla ri buidhnean ionadail, agus feedhainn eile sa choimhearsnachd air a bhith ag iomairt airson seo fad grunn bhliadhnaichean. Tha sinn an dòchas a-nis gun gabh fileantaich na Gàidhlig ris a' chothrom seo gus taic-airgid fhaighinn gus trèanadh a dhèanamh mar thidsearan. Tha feum aig Alba air barrachd luchd-obrach FtG aig a bheil Gàidhlig, agus feumaidh sinn brosnachaidhean agus duaisean a chur air dòigh gus an t-atharrachadh sin a chur an comas.

## Chair's Introduction

I am pleased to present Comann nam Pàrant (Nàiseanta)'s Annual Report for 2022/23.

This has been my fifth year as chair of Comann nam Pàrant (Nàiseanta). While the committee met on four occasions in 2022-23, office bearers met on several additional occasions, and prepared responses to a number of consultations, both on the Gaelic language and on educational reform.

We are pleased, with the support of Bòrd na Gàidhlig, to have continued our meetings with the main stakeholders in Gaelic medium education (GME). These meetings afford us the opportunity to raise issues, which are important for the continuing growth and development of GME, for discussion with these stakeholders. Two items which have remained on the agenda from last year are the review of the Statutory Guidance on Gaelic Education and the need to develop the post of 'language assistant' in GM classes to support fluency. I am pleased to report that progress is being made with both of these. A number of areas where Guidance could be clarified or strengthened have now been identified and we will continue to engage with Bòrd na Gàidhlig on the ongoing review. There is now a course at Sabhal Mòr Ostaig for language assistants which we hope will be extended beyond the initial pilot. Another item on the agenda for our last meeting was an issue that is raised frequently at our Comann nam Pàrant meetings; the lack of Gaelic resources, both within schools and also for families to use at home, and we hope to take this discussion further with the organisations involved.

Teacher recruitment and retention is an ongoing challenge in Gaelic medium education and the recent extension of the Scottish Government's Teacher Bursary Scheme to include Gaelic as a secondary subject, Gaelic medium across all secondary subjects and Gaelic medium in primary is very welcome. This is a hugely important change which we, as a national team along with local affiliates, and others in the community have been campaigning for over a number of years. We hope now that fluent Gaelic speakers will take this opportunity to access financial support which will allow them to train as teachers. Scotland needs more Gaelic speaking GME staff, and we need to line up incentives and rewards to enable that change.

PGDE  
ARD-SGOIL & BUN-SGOIL  
Secondary & Primary  
X130 X103  
Slighe Ghàidhlig | Gaelic Pathway  
Sineadh | Extended UCAS date -  
Diardaoin | Thursday 08.05.23  
THIG A THEAGASG!  
Bursaraidh ùr!  
New Gaelic Bursary!  
£20,000  
<https://www.teachingbursaryinScotland.co.uk>

Bha sinn air leth toilichte gun deach clas ùr tro mheadhan na Gàidhlig fhosgladh ann an Siorrachd Rinn Friù san Lùnastal agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' faicinn an t-solarìù ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear bhon Lùnastal 2023. Tha e a' sior fhàs nas cudromaire gun tèid solar FtG ùr a steidheachadh anns na h-ùghdarrasan ionadail a tha faisg air Glaschu leis gu bheil barrachd iarrtais ann airson FtG ann an Glaschu na th' ann de dhàiteachan (seach gu bheil a' chomhairle air crìoch de 140 sgoilearan a suidheachadh airson inntrigeadh do BS1) a' fágail nach bi iarrtasan airson àiteachan bho ùghdarrasan taobh a-muigh Ghlacshu soirbheachail tuilleadh. Bha e na bhriseadh dùil mòr gun do dh'fhàilig air grunn theaghlaichean ann an Glaschu àiteachan fhaighinn ann am FtG ariathist am-bliadhna. Tha sinn a' tuigsinn a-nis, ge-tà, nach do ghabh ach 130 sgoilearan ris na h-àiteachan aca ann am BS1 san Lùnastal 2022, a' ciallachadh gun deach clann a thionndadh air falbh bho FtG nuair a bhathar a' meas gun robh an sgoil làn, a dh'fhaodadh a bhith air àite fhaighinn aig a' cheann thall. Tha seo a' sealltainn nach eil an siostam làithreach ann an Glaschu ag obair airson FtG agus gum feumar aghaidh a chur air. Bha e na bhriseadh dùil gu sònraichte am-bliadhna nach d' fhuair grunn chloinne aig a bheil Gàidhlig mar chìad chànan cothrom air foghlam tron Ghàidhlig. Feumaidh Comhairle Baile Ghlacshu a-nis fòcas a chur air a bhith a' libhrigeadh dòigh-obrach ro-innleachdail a thaobh FtG a nì cinnteach gum faigh gach teaghlach FtG ma tha iad ga iarraidh.

Tha sinn air freagairtean a chur a-steach gu grunn cho-chomhairlean thar na bliadhna; Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2023-28, Bile an Riaghaltais airson Gàidhlig, Scots agus Cànanan na h-Alba, An Còmhradh Nàiseanta air Foghlam na h-Alba agus Lèirmheas Neo-eisimeileach an Àrd-ollaimh Hayward air Teisteanasan is Measadh.

We were delighted to see the opening of the new Gaelic medium class in Renfrewshire in August and are looking forward to seeing the new provision in East Renfrewshire from August 2023. The establishment of new provision in these local authorities adjacent to Glasgow is more important than ever now as the over subscription for GME in Glasgow (due to the

council capping P1 entry at 140 pupils) means that placing requests from authorities outside Glasgow will no longer be successful. It was extremely disappointing that once again this year there were a number of families living in Glasgow who failed to get

a place in GME. We now understand, however, that only 130 pupils actually took up their P1 places in August 2022, meaning that children were turned away from GME during last year's oversubscription exercise, who ultimately could have had a place. This shows that the current system in Glasgow does not work for GME and needs to be addressed. It has been particularly upsetting this year to see several children with Gaelic as their first language denied access to education in Gaelic. Glasgow City Council must now focus on delivering a strategic approach to GME which will accommodate all families who request it.

We have responded to a number of consultations over the year; the National Gaelic Language Plan for 2023-28, the Scottish Government's Gaelic, Scots and Scottish Language Bill, The National Discussion on Scottish Education and Professor Hayward's Independent Review of Qualifications and Assessment.



## FtG ann an Siorrachd Rinn-Friù

GME in Renfrewshire



Anns an Fhaoilleach, leig Stiùiriche an Foghlaim aig Bòrd na Gàidhlig, Jim Whannel dheth a dhreuchd. Bha dàimh obrach dhlùth aig Comann nam Pàrant le Jim agus tha iad taingeil airson na taic a thug e dhuinn fhad 's a bha e aig à Bhòrd. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas do Jim às dèidh dha a dhreuchd a leigeil dheth. Is e Jennifer McHarrie an Stiùiriche Foghlaim ùr aig BnaG. Tha Jennifer a' tighinn dhan dreuchd bho SQA far an robh i an sàs ann an grunn phròiseactan a' gabhail a-steach libhrigeadh nan Gealltanasan Foghlaim ann am Plana Gàidhlig SQA, a bharrachd air a bhith a' co-òrdanachadh agus a' leudachadh solar tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith ag obair còmhla ri Jennifer san dreuchd ùir aice.



*Jim Whannel*

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta) taingeil do Bhòrd na Gàidhlig airson taic ionmhasail, agus do Chomunn na Gàidhlig airson taic rianachd leantainneach. Tha mi cinnteach gum bi buill uile na comataidh, coltach riumsa, airson taing mhòr a thoirt dhan sgioba dhicheallach againn a tha daonnan ag obair gu cruidh, airson an cuid oidhirpean gus taic a chumail rinn am-bliadhna.

Bu mhath leam taing a thoirt do na pàrantan air fad anns na buidhnean ionadail aig Comann nam Pàrant a tha air a bhith ag iomairt airson, agus a' toirt taic do dh'foghlaam tro mheadhan na Gàidhlig am-bliadhna. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil mòran dhleastanasan air pàrantan agus thathar a' cur luach mòr anns an ùine agus san obair a bheir iad do CnP, an dà chuid aig ìre ionadail agus nàiseanta.

Mu dheireadh, 's e buidheann shaor-thoileach de phàrantan a th' anns a' chomataidh againn a tha deònach an ùine aca fhèin a thoirt seachad airson taic a chumail ris a' bhuidhinn. Tha mi a' toirt taing mhòr dhan a h-uile ball airson na rinn iad am-bliadhna, agus airson an oidhirp, an ùine agus an dealas.

Eilidh NicFhionghain,  
Cathraiche Chomann nam Pàrant (Nàiseanta)  
An t-Ògmhios 2023

In January, the Director of Education at Bòrd na Gàidhlig, Jim Whannel retired. Comann nam Pàrant has had a close working relationship with Jim and we are extremely grateful for his support during his time at the Bòrd. We wish Jim well in his retirement. Jennifer McHarrie is the new Director of Education at BnaG. Jennifer comes to the post from SQA where she was involved in a variety of projects including delivering the Educational Commitments in SQA's Gaelic Language Plan, plus co-ordinating and growing Gaelic-medium provision. We very much look forward to working with Jennifer in her new role.



*Jennifer McHarrie*

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) is grateful to Bòrd na Gàidhlig for their financial support, and to Comunn na Gàidhlig for continuing administrative support. I am sure all committee members will join me in extending a wholehearted thank you to our hardworking and dedicated team for all their efforts in keeping us supported this year.

I would like to thank all the parents in the local Comann nam Pàrant groups who have campaigned for, and supported, Gaelic medium education this year. We are mindful that parents have many commitments and the time and effort they give to CnP, both at local and national level, is very much appreciated.

Finally, our committee is a voluntary body of parents who willingly give up their personal time to support the organisation. I sincerely thank all members for their input this year, and for all their effort, time and commitment.

Helen Mackinnon,  
Comann nam Pàrant (Nàiseanta) Chairperson  
June 2023



*Eilidh NicFhionghain*

## Ar n-obair

Tha sinn air leantainn oirnn le pàtral obrach measgachte tron bhliadhna oir, ged a tha eadar-obrachaidhean aghaidh-ri-aghaidh uaireannan feumail agus riatanach, faodaidh tachartasan air-loidhne a bhith nas ruigisinniche do phàrantan agus tha iad leigeil leinn luchd-èisteachd nas fharsainge a ruighinn.

## Brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus solar ùr

Dh'fhosgail a' chìad seirbheis foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù san Lùnastal, suidhichte ann am Bun-sgoil an Iar, Pàislig. Thòisich seachdnar sgoilearan san sgoil am-bliadhna ach thathar an dùil gum fàs an àireamh seo gu math luath. Fhuair pàrantan taic bho Chomann nam Pàrant gus iarrtas a chur a-steach tro Achd an Foghlaim 2016 airson Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig. Mus robh seo ann, bha aig pàrantan a bha ag iarraidh cothrom air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri an cuid chloinne a chur gu FtG ann an ùghdarris ionadail eile faisg air làimh. 'S e adhartas mòr a tha seo airson a' chànan, a' fágail gu bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ruigisneach do bharrachd theaghlaichean.

Às dèidh iarrtas bho phàrantan airson FtG aig ire na bun-sgoile agus làn mheasadh leis an ùghdarris ionadail, tòisichidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san Lùnastal ann am Bun-sgoil Thornliebank ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear. Tha sinn ag obair còmhla ris an ùghdarris ionadail agus le pàrantan gus seo a bhrosnachadh agus chùm sinn tachartas sanasachd is fiosrachaidh san sgoil sa Chèitean, le tachartasan ann an Gàidhlig airson clann ro-sgoile. Bha mòran theaghlaichean an làthair aig an robh ùidh sa chùis.

Tha dàil air a bhith ann a bhith le bhith a' faighinn FtG aig ire na bun-sgoile air a' Chomraich agus dh'fhailllich air a' chomhairle tidsear fhastadh ged a rinn iad sanasachd dà thuras an-uiridh. Bha dùil gum biodh an dreuchd air a h-ath-shanasachd san Fhaoilleach am-bliadhna ach ri linn trioblaid an le àiteachan-fuirich san sgoil tha dàil eile air a bhith ann. Ach, chaidh an dreuchd ath-sanasachd mar dhreuchd àrdachaite agus tha sinn an dòchas gun tòisich FtG aig ire na bun-sgoil san Lùnastal am-bliadhna.

Às dèidh sgrùdadh töiseachail a chaidh a choimiseanadh le Comann nam Pàrant ann an 2020 air an fheum air àrainn tro mheadhan na Gàidhlig airson aois 3-18 ann an Inbhir Nis, tha Comhairle na Gàidhealtachd air sgrùdadh comais nas doimhne a bharrantachadh gus rannsachadh a dhèanamh air dè na ceumannan a dh'fheumar a ghabhail gus leudachadh seasmhach de dh'foghlam tro mheadhan na Gàidhlig bho aois 3-18 a libhrigeadh. Tha sinn a' déanamh fiughair ri bhith a' conaltradh ri pàrantan agus leis a' chomhairle gus taic a chumail ri leasa-chaidhean ùra sam bith ann an Inbhir Nis.

## Our work

We have continued with a hybrid working pattern throughout the year as, although face-to-face interactions are sometimes useful and necessary, having online events can be more accessible for parents and allow us to reach a wider audience.

## Promotion of Gaelic medium education and new provision

The first Gaelic Medium provision in Renfrewshire opened in August, located in West Primary, Paisley. Seven pupils started in the school this year, but it is expected that this number will quickly grow. Parents were supported by Comann nam Pàrant to submit a request through the Education Act 2016 for Gaelic Medium Primary Education. Prior to this provision opening, parents who wanted access to Gaelic Medium Education had to travel to a neighbouring local authority. This provision is great progress for the language, making Gaelic Medium Education accessible to even more families.

Following a parental request for GMPE and a full assessment by the local authority, Gaelic medium provision will open this August in Thornliebank Primary school in East Renfrewshire. We are working with the local authority and parents to promote the provision and held a promotional and information event at the school in May, with activities in Gaelic for pre-school children. This was well attended by interested families.

There has been a delay in getting GMPE in Applecross with the local authority advertising twice last year but failing to appoint a teacher. The post was due to be re-advertised in January of this year but due to issues with accommodation at the school there has been another delay. However, the post is now re-advertised as a promoted post and we are hopeful that GMPE will commence this August.

Following an initial study commissioned by Comann nam Pàrant in 2020 on the need for a 3-18 Gaelic medium campus in Inverness, Highland Council have commissioned a more in-depth feasibility study to explore what steps need to be taken to deliver sustainable expansion of 3-18 Gaelic medium provision. We look forward to engaging further with parents and the council in support of any new developments in Inverness following completion of the study.

**Foghlam tro  
Mheadhan na Gàidhlig:  
Coinneamh Poblaich Air-loidhne**

Gaelic Medium Education:  
Online Public Meeting:

25.01.23 @ 18:30

Chùm sinn grunn choinneamhan fiosrachaидh air-loidhne mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig thar na bliadhna gus taic a chumail ri bhuileachadh an Stiùridh Reachdail air Foghlam Gàidhlig. Bha fòcas aig a' choinneimh againn airson Siorrachd Rinn Friù air a bhith a' brosnachadh agus a' toirt fiosrachadh do phàrantan mun chlas Ghàidhlig ùr ann am Pàislig. Bha coinneamhan a chaidh a chumail ann am Fiobha agus san Eaglais Bhric mu chothroman agus ullachaidhean airson a bhith a' cur solar ùr air dòigh. Às dèidh na coinneimh san Eaglais Bhric tha sinn air seiseanan Bookbug Gàidhlig a thòiseachadh ann am fear de na leabharlannan ionadail. Tha sinn cuideachd air cumail ann an conaltradh le oifigearan foghlaim ann am Fiobha a thaobh comas gus foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh.

## Fiosrachadh do Phàrantan

Tha cuairt-litir ràitheil againn do phàrantan anns a bheil fiosrachadh mu iomairean foghlaim nàiseanta a bharrachd air susbaint co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus fiosrachadh mu obair ionadail aig Comann nam Pàrant. Bidh sinn cuideachd a' sgaoileadh fiosrachadh do phàrantan tro ar duilleag Facebook, tro Instagram agus Twitter.



Tha làrach-lìn Chomann nam Pàrant a' toirt seachad fiosrachadh mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig do phàrantan. Anns na bhidiathan a rinneadh bho chionn dà bhliadhna, cluinnidh sinn bho chealachdaichean, pàrantan agus iadsan a tha an sàs ann am FtG aig ère ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile. Tha fiosrachadh conaltraidh agus fiosrachadh mun t-solar Ghàidhlig air fad ann an Alba air a liostadh air an làraich-lìn, air an seòrsachadh a rère Ùghdarrais Ionadail. Tha ceanglaichean ann cuideachd ri làraichean-lìn cuideachail eile agus ris na goireasan againn gus taic a thoirt do theaghlaichean Gàidhlig a ghabhas a lùghdachadh a-nuas.

Tha dàrna làrach-lìn againn – [www.neadan.scot](http://www.neadan.scot) a chaidh a chruthachadh leis an Oifigear Leasachaidh Teaghlaich againn. Is e amas na làraich-lìn seo a bhith na làrach iomlan do phàrantan le, fòcas air na tràth-bhliadhnaichean. Tha pailteas stuthan agus fiosrachaидh ri fhaighinn air an làraich-lìn, a' gabhail a-steach comhairle do theaghlaichean mu bhith a' fighe a-steach Gàidhlig dhan dachaigh aca - an dà chuid dhaibhsan a tha ùr dhan chànan agus dhaibhsan aig a bheil Gàidhlig mar-thà. Tha comhairle ann cuideachd do phàrantan a tha airson Gàidhlig ionnsachadh le goireasan agus ceanglaichean ri làraichean-lìn eile cuideachd.


In partnership with Bòrd na Gàidhlig we held several online Gaelic medium information meetings over the year to support implementation of the Statutory Guidance on Gaelic Education. Our meeting for Renfrewshire focused on promoting provision and providing information for parents on the new Gaelic class in Paisley, meetings held for Fife and Falkirk discussed the practicalities and potential for new provision. Following the meeting in Falkirk we have started Gaelic Bookbug sessions in one of the local libraries. We have also continued dialogue with education officials in Fife regarding the potential for establishing Gaelic medium primary education.

## Information for Parents

We have a quarterly newsletter for parents which has information on national educational initiatives as well as Gaelic related content and features on local Comann nam Pàrant activities. We also share information with parents via our Facebook page, Instagram and twitter.


The Comann nam Pàrant website provides information on Gaelic medium education for parents. In our videos, produced a couple of years ago, we hear from practitioners, parents and those involved in GME in pre-school, primary and secondary. Contact details and information of all Gaelic provision in Scotland is listed on the website, categorised by Local Authority. There are also links to other helpful websites along with downloads of our resources to support Gaelic families.

We have a second website – [www.neadan.scot](http://www.neadan.scot) created by our Families Development Officer. The aim of this website is to be a one-stop-shop for parents with a focus on the early years. There is a wealth of materials and information available on the website including advice for families on embedding Gaelic into their homes - both for those who are new to the language and for those who already speak Gaelic. There is also advice for parents who wish to learn Gaelic with resources and links to other websites also listed.



Tha sinn air taic a thoirt do libhrigeadh sheiseanan Bookbug Gàidhlig ann am Baile Dhubhthaich, Inbhir Pheofharain agus ann an Aonghas, le párrantan à' faighinn fiosrachadh air FtG aig na seiseanan seo. Tha sinn cuideachd a' cumail taic ri párrantan ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Ear gus FtG a bhrosnachadh san sgìre.

Chùm sinn seisean fiosrachaидh nàiseanta air-loidhne do phàrrantan le ùidh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig san t-Samhain mus do thòisich chlàradh airson sgoiltean. Bha còrr is 30 párrant an làthair bho ghrunn sgìrean ùghdarrais ionadail. Às dèidh taisbeanaidhean goirid, bha cothrom aig párrantan ceistean a chur air 'pannal eòlaichean'. Mòran taing do Bhòrd na Gàidhlig airson a bhith a' co-obrachadh air an tachartas seo agus do Mharina NicLeòid, iar-cheannard Bun-sgoil Chondobhrait, airson a bhith a' gabhail páirt ann.



We have supported the delivery of Gaelic Bookbug sessions in Tain, Dingwall and Angus, with parents given information on GME at these sessions. We are also supporting parents in East Dunbartonshire to promote GME in the area.

In partnership with Bòrd na Gàidhlig in November prior to school enrolment, we held a national online information session for parents with an interest in Gaelic medium education. There were over 30 parents in attendance from a number of different local authority areas. Following short presentations, parents were able to question our 'panel of experts'. Many thanks to Bòrd na Gàidhlig for their cooperation with this event and to Marina MacLeod, depute headteacher at Condorrat Primary School for participating.

## A' cumail taic ri pàrantan

Tha buidhnean Comann nam Pàrant a' cumail orra a' dèanamh obair chudromach aig ire ionadail; a' cumail taic ri obair clas, a' cur air dòigh gniomhan taobh a-muigh na sgoile agus ag iomairt air cùisean a tha deatamach a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an t-oifgear leasachaidh agaínn ann gus taic a thoirt do na h-iomairtean ionadail sin.

Ann an Siòrrachd Lannraig a Tuath tha sinn ag obair còmhla ri buidheann Comann nam Pàrant ionadail gus taic a thoirt dhan iarrtas bho phàrantan airson sgoil làn-Ghàidhlig. Tha faisg air 200 sgoilear ann am Bun-sgoil Chondobhrait ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha e na iongnadh nach e sgoil làn-Ghàidhlig a tha seo mar-thà. Ach, tha plana aig a' chomhairle a-nis gus sgoil làn-Ghàidhlig a stèidheachadh ron Lùnastal 2024.

Tha Comhairle Baile Ghlaschu air cumail orra le crìoch de 140 àiteachan airson BS1 ann am FtG agus an-uirdh thug sinn taic do phàrantan, nach d' fhuair àite, gus iarrtas airson FtG aig ire na bun-sgoile a chur a-steach fon Stiùireadh Reachdail. Ged a mhol a h-uile freagairt bhon luchd co-chomhairleachaidh reachdail anns an làn mheasadh gun rachadh àiteachan a chur air dòigh airson a h-uile teaghlaich a tha ag iarraidh FtG aig ire na bun-sgoile, dhiùlt a' chomhairle an t-iarrtas. Am-bliadhna tha sinn air taic a chumail ri 5 teaghlaichean eile (an àireamh as lugha a dh'fheumar gus làn mheasadh fhaighinn) gus iarrtas a chur a-steach, ach tha a' chomhairle air diúltadh an t-iarrtas a mheasadh, agus iad ag ainmeachadh puing 1.44 anns an Stiùireadh Reachdail, "Chan fheum ùghdarris foghlaim ciad mheasadh a dhèanamh air tagradh bho phàrantan ma chaidh tagradh a chur thuca mu thràth san dà bhliadhna mu dheireadh a thaobh na h-aon sgire measaidh". Ach, tha pàrantan air an argamaid a dhèanamh gu bheil an t-iarrtas aca a' tighinn fo phuing 1.45, a leigeas le pàrantan toirt gu aire an ùghdarras ma tha an suidheachaidhean air atharrachadh, mar eisimpleir, ma tha àireamh nas mothà de chloinn ann. Cha do dh'aontaich a' chomhairle ri seo agus mar sin tha pàrantan air a' chùis a chur air adhart gu Ministearan na h-Alba, an ath cheum a thathar a' moladh anns an Stiùireadh Reachdail.

Mar thoradh air fas leantainneach ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu agus dùblain a thaobh àireamh airson foghlam àrd-sgoile ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu mar thoradh air sin, dh'fhaodte nach bi sgoilearan bho ùghdarrasan eile a' faighinn cothrom air foghlam àrd-sgoile ann an Glaschu tro iarrasan suidheachaidh tuilleadh. Tha aig na h-ùghdarrasan ionadail seo a-nis ris an t-seirbheis Ghàidhlig aca fhèin a chruthachadh san àrd-sgoil agus chùm sinn tachartas beachdachaidh air-loidhne do phàrantan gus coimhead air cuid de na cùisean co-cheangailte ri seo. Tha sinn a' dèanamh rannsachadh air cothroman maoineachaidh a bheireadh cothrom dhuinn sgrùdadh nas mionaidiche a dhèanamh air na roghainnean airson solar àrd-sgoile san àm ri teachd anns na h-ùghdarrasan ionadail seo ann am meadhan na h-Alba, gu sònraichte leis gu bheil ùghdarrasan ionadail a bharrachd san sgire a' fosgladh FtG sa bhun-sgoile sna sgìrean aca fhèin.

## Supporting Parents

Comann nam Pàrant groups continue to do important work at local level; supporting the work of the classroom, arranging activities in Gaelic outwith school and campaigning on issues that are critical to Gaelic medium provision. Our development officer is available to support these local campaigns and initiatives.

In North Lanarkshire we are working with the local Comann nam Pàrant group in support of the parental demand for a stand-alone Gaelic school. There are almost 200 pupils in Condorrat Primary in Gaelic medium education, and it is surprising that this is not already a stand-alone school. The council, however, now have a plan in place to establish a stand-alone school by August 2024.

Glasgow City Council have continued to apply the cap of 140 for admission to P1 GME and last year we supported parents, who had been refused a place, to submit a request for GMPE under Statutory Guidance. Although all responses from statutory consultees in the full assessment recommended that provision be made for all the families who wished GMPE, the council refused the request. This year we have supported another 5 families (the minimum number required to guarantee a full assessment) to submit a request, but the council has declined to assess the request citing point 1.44 in Statutory Guidance, "An education authority does not need to carry out an initial assessment of a parental request if a parental request has already been made within the preceding two years". However, parents have made the case that their request falls under point 1.45, which allows parents to bring to the attention of the local authority a change of circumstances, such as an increased number of children. The council did not agree so parents have referred the matter to Scottish Ministers which is the next step recommended in Statutory Guidance.

Due to the continuing growth of Gaelic medium education in Glasgow and resulting capacity issues for secondary provision at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, pupils from neighbouring authorities may no longer be able to access secondary provision in Glasgow through placing requests. These local authorities are having to develop their own Gaelic medium service at secondary and in order to discuss some of the issues surrounding this, we held an online discussion event for parents. We are currently researching funding opportunities which would allow us to examine more fully the options for future secondary provision in these Central Belt local authorities, especially as additional local authorities in the area open their own primary provision.

Following the rejection last year by councillors of a proposal from officials to introduce restricted catchment areas within Aberdeen for Gaelic medium education, the council held a second consultation at the beginning of the year on a proposal to introduce city-wide catchments for both primary and secondary provision. The consultation responses were overwhelmingly positive, and the council will now progress with the introduction of city-wide catchments from August 2023, with transport provision for pupils re-instated, following it having been withdrawn 3 years ago.

Às dèidh do chomhairlichean moladh bho oifigearan a dhiùltadh gus sgìrean-sgoile cuibhrichte a thoirt a-steach airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Obar Dheathain, chùm a' chomhairle dàrna co-chomhairle aig toiseach na bliadhna air moladh gus sgìrean-sgoile airson a' bhaile air fad a thoirt a-steach airson FtG aig iùre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile. Bha freagairtean na co-chomhairle air leth taiceil, agus nì a' chomhairle adhartas a-nis le bhith a' toirt a-steach sgìrean-sgoile a bhios a' gabhail a-steach a' bhaile air fad bhon Lùnastal 2023, le solar còmhdaill do sgoilearan air a thoirt air ais, às dèidh dha a bhith air a tharraing air falbh bho chionn 3 bliadhna.

Tha an t-oifigear ionnsachaidh teaghlach againn fhathast a' libhrigeadh clasaichean air-loidhne do phàrantan stèidhichte air SpeakGaelic. Tha grunn clasaichean air-loidhne an-asgaidh ann airson luchd-tòiseachaidh agus iar-luchdtòiseachaidh dhaibhsan aig a bheil clann no oghaichean a tha a' dol gu buidhnean pàrant is pàiste, sgoil-àraich no clas 1-3 sa bhun-sgoil. Tha clasaichean rim faighinn Diluain, Diciadain agus Diardaoinein, le roghainnean airson amannan sa mhadaidh, feasgar agus oidhche. Tha còrr is 100 pàrant air clàradh airson clasaichean aig an iùre seo.

Tha 'Cothrom cabadaich' seisean dhaibhsan a thogadh le Gàidhlig aig an taigh agus cuideachd dhaibhsan a thàinig chun a' chànan aig aois nas sine, agus a tha ag iarradh cothrom an cuid Gàidhlig a cheileadh ann an àrainneachd chàirdeil agus shocair agus gus am misneachd a thogail le beagan taic bho oide.

Tha sinn cuideachd a' tabhann seiseanan taic cànan do cheileachdaichean nan tràth-bhliadhnaichean a tha ag obair ann am buidhnean pàrant is pàiste agus sgoiltean-àraich aig a bheil feum air beagan taic a bharrachd leis a' Ghàidhlig aca fhèin.

Our Family Learning Officer continues to deliver online classes for parents based on Speak Gaelic. There are a number of free, online beginner and post-beginner classes for those with children or grandchildren who attend Gaelic parent and toddler groups, sgoil-àraich or lower primary. Classes are available on Mondays, Wednesdays and Thursdays, with options of morning, afternoon and evening slots. We currently have more than 100 parents signed up to classes.

Cothrom cabadaich – have a blether in Gaelic sessions are for those who were raised with Gaelic at home and also those who have come to the language at a later stage in their life, and who are looking for an opportunity to use their Gaelic in a friendly and relaxed environment and build their confidence with some support from a tutor.

We also offer language support sessions for early years practitioners, working in parent and toddler groups and sgoiltean-àraich, who need a bit of extra support with their own Gaelic.



## Maoin Eadar-theachd Thràth do Chloinne, Daoine Òga agus Teaghlaichean – Riaghaltas na h-Alba (CYPFEIF) agus Sgioba nan Tràth-bhliadhnaichean

### Children, Young People and Families Early Intervention Fund – Scottish Government (CYPFEIF) and Early Years Team

Bha Comann nam Pàrant toilichte cumail orra a' toirt taic do thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne na Gàidhlig, gu h-àraidh leis na prìomh chosgaisean aig buidhnean saor-thoileach aois 0-3, leis a' mhaoineachadh a tha sinn a' faighinn tro Mhaoin Eadar-theachd Thràth do Chloinn, Daoine Òga agus Teaghlaichean. Bha e comasach dhuinn cuideachd pàirt den mhaoineachadh a chealachdadh a dh'ionnsaigh cosgaisean an sgioba tràth-bhliadhnaichean a chaidh a stèidheachadh às ùr. Bha sinn an dùil aig an àm gur e sin a' bhliadhna mu dheireadh den mhaoin.

Chaidh innse dhuinn sa Mhàrt gun rachadh a' mhaoin a leudachadh fad dà bhliadhna eile, a' toirt dhuinn maoineachadh gu 2025 gus taic a thoirt do thràth-ionnsachadh na Gàidhlig. Mar thoradh air seo, is urrainn dhuinn cumail oirnn leis an sgioba tràth-bhliadhnaichean againn anns a bheil aon mhanidsear stèidhichte ann am meadhan na h-Alba agus dà oifigeir pàrt-ùine sna h-Eileanan an Iar.

Bidh an sgioba againn anns na h-Eileanan an Iar a' cumail seiseanan Thig a Chluich ann an Leòdas agus sna Hearadh. Bidh na seiseanan buail a-steach airson cluich, sgeulachd is òrain seo airson clann ro-sgoile agus am pàrantan/luchd-cùraim a' tachairt gach Dimàirt ann an Steòrnabhagh, agus an uair sin gach cola-deug no gach mìos ann an ceàrnaidhean eile de na h-eileanan. Tha iad air a bhith cho mòr-chòrdte is gun do leudaich sinn cùisean agus gu bheil sinn a-nis a' tadhal air bailtean eile: bidh sinn a-nis a' toirt nan seiseanan gu Steòrnabhagh, an Rubha, am Bac, Siabost, Ceann a Tuath nan Loch, Nis agus an Tairbeart. Air a' mhìos a dh'fhalbh tha iad cuideachd air tòiseachadh air seisean goirid a bharrachd a chumail aig An Taigh Cèiliadh ann an Steòrnabhagh, an co-ionad Gàidhlig a tha air ùr fhosgladh sa bhaile. Tha buidheann pàrant is pàiste ùr againn ann an Uibhist a Tuath: Pàrant is Pàiste Uibhist a Tuath. Bidh iad a' coinneachadh ann am Bun-sgoil Uibhist a Tuath feasgar Dihaoine.

Bidh buidhnean Parant is Pàiste a' coinneachadh ann an Siorachd Àir a Tuath, Cille Mheàrnaig, Drochaid an Easbaig, Pollokshields, Partaig, Pàislig, Baile Ùr na Maoirne, An t-Àrd Ruigh, Cille Bharra an Ear, Sruighlea agus Dùn Èideann. Tha stiùirichean cluiche againn a tha a' stiùireadh gach tè de na buidhnean sin, ach a-mhàin ann an Sruighlea far a bheil Kirsteen fhathast a' stiùireadh chùisean.



Comann nam Pàrant was pleased to continue to support Gaelic early learning and childcare, particularly the core costs of 0-3 voluntary groups, with the funding that we receive through the Children, Young People and Families Early Intervention Fund. We were also able to use part of the funding, in what we thought was the final year of the fund, towards the costs of our newly established early years team.

We were informed in March that the fund would be extended for a further two years, giving us funding until 2025 to support Gaelic early learning. This will enable us to continue with our early years team which is comprised of one manager based in the Central Belt and two part-time officers in the Western Isles.

Our team in the Western Isles run Thig a Chluich sessions in Lewis and Harris. These drop-in play, story and song sessions for preschool children and their parents/carers take place every Tuesday in Stornoway, and then fortnightly or monthly in other areas of the islands. They have been so popular that at the start of this year we expanded to visiting other villages and we now take the sessions to Stornoway, Point, Back, Shawbost, North Lochs, Ness and Tarbert. In the last month they have also started running an additional short session at An Taigh Ceilidh in Stornoway, the newly opened Gaelic hub in the town. We have a new parent and toddler group in North Uist, Pàrant is Pàiste Uibhist a Tuath. They meet in Bun Sgoil Uibhist a Tuath on Friday afternoons.

Parant is Pàiste groups meet in North Ayrshire, Kilmarnock, Bishopbriggs, Pollokshields, Partick, Paisley, Newton Mearns, Airdrie, East Kilbride, Stirling and Edinburgh. We have playleaders leading each of these groups, except Stirling which Kirsteen is still leading.



Chuir buidheann de phàrantan anns na Pùballan fios thugainn a tha a' beachdachadh air buidheann tràth-bhliadhnaichean a thòiseachadh san sgìre aca, agus mar sin tha sinn air a bhith ag obair còmhla riutha gus buidheann tràth-bhliadhnaichean a stèidheachadh, Pàrant is Pàiste nam Pùballan. Tha sinn an dòchas gun tòisich seo an dàrna cuid san Ògmhios no san Lùnastal.

Bidh seiseanan Bookbug a' dol air adhart gach seachdain ann an Dùn Èideann, agus bha seisean Bookbug sònraichte againn airson Seachdain na Gàidhlig sa Ghéarran.

Tha Cofaidh is Cabadaich, a' bhuidheann còmhraídh a tha sinn air a bhith a' ruith còmhla ri CnaG agus Comhairle Dhùn Èideann air fàs ro mhòr airson an àite a bh' aige ann an cofaidh roimhe is mar sin, bidh sinn ga ath-thòiseachadh air a' mhios seo le Oifigear Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann còmhla rinn cuideachd. Tha àite ùr againn ann an seòmar coimhearsnachd san Oilthigh. Tha barrachd fiosrachaiddh mu dheidhinn seo agus mu thachartasan tràth-bhliadhnaichean eile ri fhaighinn air [www.neadan.scot](http://www.neadan.scot)

We were contacted by a group of parents in Peebles who were interested in starting an early years group in their area, and so have been working with them to establish a new group, Pàrant is Pàiste Na Pùballan. We hope to get this started in either June or August.

Bookbug sessions continue weekly in Edinburgh, and we had a special Bookbug session for Seachdain na Gàidhlig in February.

Cofaidh is Cabadaich, the conversation group that we have been running along with CnaG and the City of Edinburgh has outgrown its café venue, we will be restarting it this month with the Gaelic Officer from the University of Edinburgh also joining us. We have a new location in a community room in the University. More information on this and other early years activities and events is on [www.neadan.scot](http://www.neadan.scot)

## Seachdain na Gàidhlig do sgoiltean ann an Dùn Èideann

Tha an tachartas bliadhnailean seo air a bhith a' ruith fad 16 bliadhna agus tha e a' toirt cothrom do sgoilearan tro Mheadhan na Gàidhlig tadhla air àiteachan tarraingeach ann an Dùn Èideann le luchd-labhairt na Gàidhlig a' stiùireadh gach turas. Is e turas foghlaim a tha seo a bheir cothrom do sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig an cuij Gàidhlig a chur gu feum taobh a-muigh àrainneachd na sgoile. Chaidh seiseanan a chumail ann an Our Dynamic Earth, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Caisteal Dhùn Èideann agus Lùchairt Taigh an Ròid. Bha sinn toilichte failte a chur air sgoiltean às a' Ghàidhealtachd, Earr-a-Ghàidheal is Bhòid, Siòrrachd Àir an Ear, Inbhir Chluaidh, Siòrrachd Lannraig a Tuath, Glaschu, Siòrrachd Dhùn Breatainn an Ear agus Dùn Èideann le 400 sgoilear uile gu lèir bho 12 sgoiltean eadar-dhealaichte a' gabhail pàirt.

## Gaelic week for schools in Edinburgh

This annual event has been running for 16 years and gives Gaelic medium pupils the opportunity to visit popular attractions in Edinburgh, with all visits led by Gaelic speakers. This is an educational trip which gives Gaelic Medium pupils an opportunity to use and test their language skills outside the school environment. Sessions were held at Our Dynamic Earth, National Museum of Scotland, Edinburgh Castle, and Palace of Holyroodhouse. We were pleased to welcome schools from Highland, Argyll & Bute, East Ayrshire, Inverclyde, North Lanarkshire, Glasgow, East Dunbartonshire and Edinburgh with over 400 pupils from 12 different schools taking part.

## Co-obraichadh

Bidh sinn ag obrachadh le agus a' cumail coinneamhan cunbalach le sgioba an Foghlaim aig Bòrd na Gàidhlig. San t-Samhain, ghabh sinn pàirt ann am Fèis Foghlaim aig Holyrood, a' libhrigeadh taisbeanadh, "Adhartas tro Chom-pàirteachas: A' Ghàidhlig ann am Foghlam na h-Alba."

Bidh coinneamhan cunbalach againn le Foghlam Alba agus tha sinn taingeil airson an taic le bhith a' sgaoileadh fios agus a' cuairteachadh na cuairt-litreach againn.

Tha sinn nar buill den Bhuidhinn Thar-phàrtaidh air Teaghlaichean a' Cumail taic ri Ionnsachadh Chloinne.

Bha sinn nar buill de Bhuidheann Coimhearsnachd Cho-obraichail Phàrantan is Luchd-cùram rè an Lèirmheis Neoisimeileach air Teisteanasan is Measadh.

Magaidh Wentworth

## Collaborative working

We have regular meetings with, and work in partnership with, the education team at Bòrd na Gàidhlig. In November, alongside Bòrd na Gàidhlig, we participated in Holyrood's Education Festival, delivering a presentation, "Progress through Partnership: Gaelic in Scottish Education."


We have regular meetings with Education Scotland and appreciate their support in sharing information and circulating our newsletter.

We are members of the Cross-Party Group on Families Supporting Children's Learning.

We were members of the Parents and Carers Collaborative Community Group during the Independent Review on Qualifications and Assessment.

Magaidh Wentworth

# Seachdain Dhùn Èideann



# Aithisg Bhliadhnaill

## Annual Report

### 2022/23



## COMANN NAM PÀRANT (NÀISEANTA)

Comataidh Chomann nam Pàrant (Nàiseanta) 2022/2023  
Comann nam Pàrant (Nàiseanta) Committee 2022/2023

Helen Mackinnon	Cathraiche/
Eilidh NicFhionghain	Chairperson
Fiona Stephen	Iar-cathraiche/Vice-Chair
Gill Steele	Rùnaire/Secretary
Claire Wilding	An t-Òban/Oban
Isabel Taylor	Dun Omhainn/Dunoon
Will Clem	Inbhir Narann/ Nairn
Wilma Laird	Dùn Èideann/Edinburgh
Evelyn Coull NicLeòid	Comhairle nan Eilean Siar/ Western Isles Council
Marsaili Dow	Co-thaghte (Ionmhasair)/ Co-opted (Treasurer)

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta), a' bhuidheann stiùiridh airson nam buidhnean ionadail, na charthanas clàraichte an Alba le trìomh amas "a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taice do stèidheachadh is cumail suas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig". Tha comas aig a h-uile sgìre far am bheil buidheann CnP ionadail a bhith air an riochdachadh air a' chomataidh nàiseanta, a' ciallachadh gun cluinnear guth gach pàrant aig ire nàiseanta.

Comann nam Pàrant (Nàiseanta), the umbrella body for Comann nam Pàrant groups, is a registered charity in Scotland whose main aim is "to promote and support the establishment and maintenance of education through the medium of Gaelic". All areas with local CnP groups are able to be represented on the national committee, thus ensuring that all parents can have a voice at national level.

Comann nam Pàrant

5 Caolshràid Mhìcheil | Inbhir Nis | IV2 3HQ | Fòn: 01463 234138 | Facs: 01463 237470 | Fòn-làimhe: 07771834481  
5 Mitchell Lane | Inverness | IV2 3HQ | Tel: 01463 234138 | Fax: 01463 237470 | Mobile: 07771834481

[www.parant.org.uk](http://www.parant.org.uk)

